

Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba

Co-chomhairleachadh air Plana Gàidhlig

Cùl-fhiosrachadh

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha aig Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba (GNA) ri Plana Gàidhlig fhoillseachadh a' sònrachadh mar a chuireas sinn ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig anns na gailearaidhean againn agus mar a chuidicheas sinn gus am Plana Gàidhlig Nàiseanta a tha ann an-dràsta a thoirt gu buil.

Tha a' chiad phlana againn, a cheadaicheadh ann an 2013, a' tighinn gu crìch anns a' Mhàrt 2018. Feumaidh sinn dara dreachd a chur gu Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann-leasachaidh nàiseanta airson na Gàidhlig, ro 5 Màrt 2018.

Chaidh dreachd de phlana airson na h-ùine 2018 gu 2023 a chur ri chèile air a bhonntachadh air adhartas fon chiad phlana againn agus na h-amasan aig ìre àrd a chuir Bòrd na Gàidhlig an cèill do GhNA airson nan còig bliadhna a tha romhainn. Tha an dreachd-phlana seo ri fhaotainn a-nis airson co-chomhairleachaidh leis a' phoball fad sia seachdainean, bho Dhiluain 8 Faoilleach 2018 gu Didòmhnaich 18 Gearran 2018.

A' toirt freagairt air a' Cho-chomhairleachadh

Faodar beachdan sam bith mun phlana a chur a-steach ann an sgrìobhadh le post-dealain gu gaelic@nationalgalleries.org no gu:

Co-chomhairleachadh mu Phlana Gàidhlig
Oifis an Àrd-Stiùiriche
Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
73 Rathad Bhelford
Dùn Èideann
EH4 3DS

Bhitheamaid nur comain nan cuireadh sibh an cèill gu soilleir a bheil an fhreagairt agaibh ga air a cur a-steach às leth buidhne no bhuaibh fhèin mar neach-fa leth.

Thoiribh fa-near nach leig sibh leas ur n-ainm no fios mur deidhinn fhèin a nochdadh mas e sin ur roghainn. Thèid fios mur deidhinn a chleachdadh dìreach air adhbharan ceangailte ris an obair cho-chomhairleachaidh agus cha tèid a sgaoileadh.

Feumaidh sinn aithisg fhoillseachadh air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh seo gus leigeil fhaicinn mar a chuireas iad cruth ris a' phlana dheireannach. Bidh earrannan sam bith a chleachdas sinn bho na beachdan agaibh a' nochdadh gun urra.

Barrachd Fiosrachaidh

Ma tha ceistean sam bith agaibh mun cho-chomhairleachadh seo no ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh, nach cuir sibh fios thugainn a' cleachdadh an fhiosrachaidh gu h-àrd.



Dreachd Phlana Gàidhlig 2018-23

Tha am plana seo air a dheasachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Faodar lethbhreac den sgrìobhainn seo iarraidh ann an cruth eile, leithid clò mòr no air pàipear, le gairm do 0131 624 6473 no air post-d equalities@nationalgalleries.org

Clàr-innse

1. Ro-ràdh.....	3
2. Cùl-fhiosrachadh	3
3. A' leasachadh na dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig GNA.....	4
4. Rùintean Cànain Gàidhlig GNA 2018-23.....	7
5. Plana-gnìomha Gàidhlig aig GNA 2018-23	9
6. Cur an Gnìomh is Dearcnachadh.....	15

1. Ro-ràdh

Chaidh an dreachd seo den dàrna Plana Gàidhlig aig Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba ullachadh airson co-chomhairle phoblach a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

A' leantainn bhon phlana 2013-18 againn, tha an dàrna cuairt seo a' feuchainn ri togail air an adhartas a rinn sinn le bhith ag ionnsachadh bhon eòlas a fhuair sinn gu ruige seo agus a' cleachdadh dòigh reusanta agus iomchaidh airson follaiseachd is inbhe na Gàidhlig anns na gailearaidhean againn a chur am meud.

2. Cùl-fhiosrachadh

Mu Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba

Tha Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba (GNA) a' coimhead às dèidh aon de na cruinneachaidhean as fheàrr san t-saoghal de dh'ealain an Iar bho na Meadhan-aoisean chun an latha an-diugh. Tha sin a' toirt a-steach a' Chruinneachaidh Nàiseanta de dh'ealain Albannach a tha sinn a' taisbeanadh gu moiteil ann an co-theacsa eadar-nàiseanta. Tha deagh chliù aig GNA airson càileachd a' chruinneachaidh, a thaisbeanaidhean agus a gnìomhan. Ach, tha planaichean àrd-amasach againn airson ar n-ìomhaigh àrdachadh agus a bhith buntainneach do luchd-amhairc ùr agus nas eadar-mheasgte ann an Alba agus air feadh an t-saoghail. Tha seo a' gabhail a-steach an oidhirp gus barrachd dhaoine a thàladh chun nan gailearaidhean againn ann an Dùn Èideann ach tha e cuideachd a' ciallachadh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus a' cleachdadh làn-chomasan mheadhanan didseatach gus cothrom a thoirt do uiread daoine 's a ghabhas a bhith a' cleachdadh, a' faighinn tlachd às agus a bhith air am brosnachadh leis a' chruinneachadh againn. Tha sinn a' meas a' cho-chruinneachaidh mar stòras nàiseanta air am bu chòir a h-uile duine cothrom fhaighinn airson an adhbharan fhèin agus nan dòigh fhèin – luchd-ealain, luchd-gleidhidh, oileanaich, sgoilearan, saoranaich no luchd-tadhail, taighean-tasgaidh agus gailearaidhean eile – duine sam bith.

Is e buidheann phoblach neo-roinneil a tha ann an Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba is i ga maoinachadh air a' chuid as motha le Riaghaltas na h-Alba agus ga stiùireadh às a leth le Bòrd Luchd-urrais, a tha gan ainmeachadh le Ministear a'

Chultair agus Cùisean Taobh A-muigh. Tha GNA ag obair fo fhrèam teann a thaobh reachdais is riaghlaidh air a bhonntachadh air an Achd Dualchas Nàiseanta (Alba) 1985 agus an Achd Tasgadh Carthannais agus Luchd-urrais (Alba) 2005. Tha stiùireadh obair GNA air a thiomnadh le Bòrd an luchd-urrais chun an Àrd-Stiùiriche agus an àrd-sgioba stiùiridh aige. Bidh an t-Àrd-stiùiriche ag aithris gu dìreach chun a' Bhùird.

Mar a chaidh ullachadh leis an Achd Dualchas Nàiseanta (Alba) 1985, is iad prìomh ghnìomhan a' Bhùird:

- na nithean anns na cruinneachaidhean aca a ghleidheadh agus a chumail agus cur riutha;
- dèanamh cinnteach gun tèid na nithean a thaisbeanadh don phoball;
- dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine air na nithean a sgrùdadh air adhbharan sgoileireachd is rannsachaidh; agus anns an fharsaingeachd cur ri tlachd agus tuigse a' phobaill air Ealain tro chruinneachaidhean a' Bhùird agus tro mhodhan sam bith eile a shaoileas iad iomchaidh;
- air na h-adhbharan sin, a bhith a' libhrigeadh foghlaim, teagaisg agus comhairle, agus a' dèanamh rannsachaidh.

Tha GNA a' toirt a-steach trì làraichean gailearaidh ann an Dùn Èideann: Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba, Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Nuadh-Ealain, agus Gailearaidh Dhealbhan-daoine Nàiseanta na h-Alba. Ann an 2016/17, chuir sinn fàilte air còrr is 2.4 millean neach-tadhail do na ionadan againn.

Is e ar prìomh àite-ghnìomhachais 73 Rathad Bhelford, Dùn Èideann, EH4 3DS. Aig an àm seo tha GNA a' fastadh mu 360 luchd-obrach.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Ghabhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba a dhaingneachadh, leis an aon urram ris a' Bheurla.

B' e an t-ullachadh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile aon de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005. Chaidh an t-ullachadh seo a stèidheachadh gus a bhith cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus seasmhachd na Gàidhlig a dhaingneachadh, le bhith a' togail a h-inbhe is a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a bhith ga cleachdadh.

Chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig airson GNA aontachadh le Bòrd na Gàidhlig ann an 2013 airson còig bliadhna. Tha dùil gum bi an dàrna cuairt seo de Phlana Gàidhlig GNA air a cur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 5 Màrt 2018.

3. A' leasachadh na dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig GNA

Slatan-tomhais Reachdail

Ann a bhith a' sgrìobhadh na dàrna cuairt den Phlana Ghàidhlig againn, thug sinn aire do na diofar shlatan-tomhais reachdail mar a tha air am mìneachadh ann an earrann 3 (5) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005:

- Am Plana Gàidhlig Nàiseanta
- An ìre dha bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh san raon-obrach againn

- Comas GNA airson cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh
- Beachdan a fhuair GNA a thaobh cleachdadh na Gàidhlig
- Stiùireadh BhnG mu leasachadh phlanaichean cànan Gàidhlig

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2017-22 (Dreachd)

Aig àm sgrìobhaidh, bha plana 2017-22 fhathast ann an dreachd an dèidh co-chomhairle. Ach, chaidh an t-amas a mhìneachadh gu soilleir: meudachadh air an àireamh de dhaoine a' bruidhinn, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus an àireamh de shuidheachaidhean anns a bheil i ga cleachdadh. Tha an ro-innleachd airson seo a choileanadh stèidhichte air:

- Cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig
- Cur am meud ionnsachadh na Gàidhlig
- Cur am meud cleachdadh na Gàidhlig

Tha na rùintean agus na gnìomhan anns an dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig GNA air an leasachadh gus cur gu dìreach ri amas a' phlana nàiseanta.

Cleachdadh na Gàidhlig agus an comas leasachaidh taobh a-staigh ar raon-obrach
Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha raon-ùghdarras nàiseanta aig GNA ach tha e stèidhichte gu sònraichte ann an Dùn Èideann. Is ann tro thaisbeanaidhean air chuairt, iasadan agus obair-choimhearsnachd a ruigeas sinn luchd-amhairc air feadh na h-Alba, na RA agus nas fhaide air falbh.

A rèir cunntas-sluaigh 2011, bha comas Gàidhlig (tuigse, labhairt, leughadh no sgrìobhadh) aig 87,506 neach ann an Alba (1.7% den t-sluaigh) agus bha 57,375 comasach air Gàidhlig a bhruidhinn. Bha seo a' ciallachadh crìonadh ann an àireamh an luchd-labhairt aig dìreach còrr is 2% bho 2001, agus crìonadh 5.8% airson comas cànan sam bith sa Ghàidhlig.

Ach, tha fàs ann an àireamh nan daoine òga a tha an sàs sa Ghàidhlig, rud a tha gu math misneachail. Tha aithisg bhliadhnail Bhòrd na Gàidhlig airson 2016/17 a' sealltainn gun robh 75 buidhnean bhliadhnach tràtha Gàidhlig (aois 0-5) a' ruith gach seachdain ann an Alba a' bhliadhna sin, agus gun robh 15,000 leanabh an sàs anns a' chànan aig diofar ìrean ann an sgoiltean air feadh na h-Alba¹, a bu chòir a bhith air a neartachadh barrachd tro ullachaidhean Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Ann an Dùn Èideann, ar prìomh raon-obrach, bidh 0.7% den t-sluaigh a' bruidhinn Gàidhlig.

Beachdan a thugadh gu GNA a thaobh mar a chleachdas sinn Gàidhlig
Thèid toraidhean a' cho-chomhairleachaidh seo a chleachdadh mar chùl-taice ris an tagradh dheireannach gu Bòrd na Gàidhlig sa Mhàrt 2018.

Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig mu leasachadh phlanaichean Gàidhlig

¹ <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/01/Annual-Report-2016-17.pdf>

Tha sinn air aire mhath a thoirt don sgrìobhainn-stiùiridh mu leasachadh phlanaichean Gàidhlig a dh'fhoillsich am Bòrd agus tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil na prìomh eileamaidean buntainneach air an còmhdach an seo.

Tha am plana againn a' leantainn an stiùiridh seo gus na dòighean reusanta agus iomchaidh a chur an cèill a dh'ionnsaigh am Plana Nàiseanta Gàidhlig a choileanadh. Tha sinn cuideachd air gabhail ris gu bheil dùil gum bi 'ùghdarrasan poblach ag ullachadh nam planaichean aca le sùil ri cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud uiread 's a tha iomchaidh don t-suidheachadh aca fhèin'.

Beachdachadh Eile

Adhartas a rèir na ciad chuairt de Phlana Gàidhlig GNA

Thairis air na còig bliadhna den chiad phlana againn, rinn sinn adhartas math a rèir ar rùintean, gu h-àraidh a thaobh togail aire, agus cothroman ionnsachaidh cànan a thabhann don luchd-obrach againn. Bha togail comais na àrd-phrìomhachas airson GNA, oir cha robh ach glè bheag comais sa Ghàidhlig aig an luchd-obrach againn, agus cha robh solarachadh sheirbheisean agus libhrigeadh fiosrachaidh sa Ghàidhlig ga dhèanamh ann an dòigh eagraichte. Tha sinn air aithisgean sgrùdaidh bliadhnail a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig a' toirt cunntais air an adhartas againn, an tè mu dheireadh mar bhunait air an dàrna cuairt den Phlana Ghàidhlig againn.

Na Chaidh Ionnsachadh

A' meòrachadh air an adhartas a rinneadh air a' chiad Phlana Gàidhlig againn, tha e follaiseach gun robh cuid de na rùintean a chaidh a dhèanamh ro mhòr-mhiannach, a thaobh an stòrais a dh'fheumte gus an libhrigeadh, no dè cho practaigeach 's a bhitheadh iad. Mar thoradh air sin, tha sinn air cuid de na rùintean againn a lùghdachadh agus tha sinn air cuid eile a shoilleireachadh.

Cha deach mòran adhartais a dhèanamh gus an suaicheantas corporra againn a dhèanamh dà-chànanach thairis air a' chiad Phlana Gàidhlig againn, mar thoradh air obair leantainneach air branndadh agus beachdachadh air na dòighean eadar-dhealaichte anns a bheil ar dearbh-aithne corporra ga cur an sàs. Ach, tha sinn anis air aontachadh gur e an dòigh as fheumaile agus as cudromaiche a thaobh a bhith a' gabhail ris a' Ghàidhlig nar dearbh-aithne corporra gum bi dreach Gàidhlig ga chleachdadh ann an suidheachaidhean sònraichte. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu seo gu h-ìosal.

A thaobh a bhith a' solarachadh shoidhnichean ann an Gàidhlig, tha sinn air dearbhadh nach eil dòigh ann soidhnichean sealach dà-chànanach a libhrigeadh gu brìoghmhor agus gu feumail air sgàth an iomadh seòrsa soidhne sealach a tha a dhìth, gu tric ann an cabhag. Anns an aon dòigh, feumaidh soidhnichean maireannach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad gu soilleir, luath do uiread den luchd-tadhail againn 's as urrainn dhuinn, aig an aon àm a' toirt fa-near nan riatanasan reachdail a thaobh ruigsinneachd fon Achd Co-ionannachd 2010. Ach, tha sinn air ar rùintean a neartachadh gus fiosrachadh slighe a libhrigeadh ann am bileagan agus air soidhnichean 'fàilte' aig gach làrach.

Mu dheireadh, cho-dhùin sinn roimhe prìomhachas a chur air eadar-theangachadh fìosan-naidheachd cudromach. Ach, tha seo tric air a bhith do-dhèanta air sgàth gum

feumar an sgaoileadh gu luath agus gum feumar cead grunn dhaoine a shireadh air an son ro làimh. Tha sinn a-nis air slatan-tomhais a stèidheachadh gus prìomhachas a thoirt do bhrathan-naidheachd dà-chànanach, air am mìneachadh gu h-ìosal, air am bi sinn ag amas.

Sgrùdadh Comas Gàidhlig Luchd-obrach

Thèid suirbhidh de luchd-obrach a dhèanamh tron ìre co-chomhairleachaidh gus measadh dè an ìre de chomas cànan a tha sa bhuidheann.

Àrd-amasan

Lìbhrig Bòrd na Gàidhlig seata de dh'àrd-amasan airson na dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig GNA, a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba. Chaidh fìor-aire a thoirt air na molaidhean sin ann an sgrìobhadh a' phlana seo, agus tha na gnìomhan a tha air am mìneachadh gu h-ìosal uile a' cur ris na h-amasan sin.

B' e a' chiad amas a bhith a' toirt air adhart agus a' libhrigeadh gach rùn bhon chiad chuairt de Phlana Gàidhlig GNA a tha fhathast na raon-ùghdarras. Tha a' mhòr-chuid de na gnìomhan sa phlana againn gu h-ìosal a' leantainn bhon chiad phlana: chaidh an gluasad thairis mar a bha iad nuair a bha an rùn gu bhith a' dol air adhart gun atharrachadh, no chaidh an dèanamh nas soilleire, no chaidh an leasachadh gus sealltainn far am faod sinn a dhol nas fhaide.

Bha na h-àrd-amasan cuideachd ag iarraidh air GNA dealas a chur an cèill a thaobh sreath phrionnsapalan, a tha sinn air a chur nar n-aithrisean poileasaidh gu h-ìosal.

Mu dheireadh, bha na h-àrd-amasan a' gabhail a-steach cuid de gnìomhan libhrigeadh seirbheis sònraichte air an robh sinn a' beachdachadh fhad 's a bha sinn a' sgrìobhadh ar plana. Chan eil an comas agus na stòrasan againn gus na h-uile a libhrigeadh chun na h-ìre a thathar a' sùileachadh, ach tha sinn air beachdachadh air na tha sinn a' creidsinn as urrainn dhuinn a choileanadh thar beatha na dàrna cuairt den PG againn agus tha sinn air seo a mhìneachadh anns a' phlana-ghnìomha aig earrann 5.

4. Rùintean Cànan Gàidhlig GNA 2018-23

Aithrisean Poileasaidh GNA air Cleachdadh na Gàidhlig nar Gnìomhan

Tha GNA air aithris poileasaidh aontachadh a bhios mar bhun-stèidh do dhòigh-obrach a thaobh planadh cànan na Gàidhlig, airson na dàrna cuairt den Phlana Ghàidhlig aige:

Tha GNA mothachail air àite na Gàidhlig ann an Alba an-diugh agus tha e dealasach a bhith a' toirt taic do bhrosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig far a bheil e iomchaidh ann an coileanadh a dhleastanasan

Nam measg tha:

- a' meudachadh faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig anns na gailearaidhean againn
- ag aithneachadh na buannachd shòisealta agus eaconamach as urrainn don Ghàidhlig a thairgsinn mar phàirt shònraichte de chultar na h-Alba

- a' nochdadh spèis cho-ionnan airson Gàidhlig agus Beurla ann an solar sheirbheisean Gàidhlig
- a' tabhann agus a' brosnachadh sheirbheisean Gàidhlig gu gnìomhach, agus a' cumail sùil air cleachdadh
- gèilleadh ris na Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig agus inbhean as ùire airson ainmean-àite

Prìomhachais Ghnìomhan

Tha 'buntainneas Gàidhlig', mar a tha sinne ga mhìneachadh, ann an co-theacsa ar co-chruinneachaidh, gnìomhan, comas agus goireasan aig cridhe ar dòigh-obrach reusanta agus iomchaidh airson a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do leasachadh cànan na Gàidhlig. Thèid prìomhachas a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-mhìneachadh, eadar-theangachadh, tachartasan agus ann am prògraman foghlaim anns na suidheachaidhean a leanas:

- *Far a bheil no far an robh Gàidhlig aig an neach-ealain, neach-suidhe no cuspair, no far a bheil iad a' cur a' chànain air adhart, no far a bheil ceanglaichean soilleir eile ri cànan, cruinn-eòlas, eachdraidh no cultar na Gàidhealtachd*
- *Nuair a tha taisbeanaidhean air chuairt no tachartasan taobh a-muigh a' gabhail àite ann an sgìrean le inbhe 'Iomairtean Gàidhlig' (ach a-mhàin Glaschu is Dùn Èideann, mura h-eil e a' coinneachadh ris na slatan-tomhais a bh' ann roimhe)*
- *Gus na co-fharpaisean nàiseanta againn adhartachadh (Air do bhrosnachadh? Sgrìobh!, Co-fharpais Ealain nan Sgoiltean)*
- *Airson phlanaichean corporra agus breithneachadh bliadhnail*

Dh'fhaodte gum feumar slatan-tomhais a bharrachd a chur an sàs, mar ion-obrachadh ionmhasail foillseachaidhean malairteach, ach tha sinn a' creidsinn, le bhith a' cuimseachadh ar gnìomhan Gàidhlig air na raointean prìomhachais sin, gum faod sinn taic bhrìghmhor agus iomchaidh a thoirt seachad.

Aithne Chorporra

Aon uair 's gu bheil e air a leasachadh, thèid an tionndadh Gàidhlig den t-suaicheantas a chleachdadh air stuthan a bhios air an dèanamh sa Ghàidhlig a-mhàin, gu dà-chànanach no le susbaint Bheurla is Ghàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuingealaichte dha, catalogan, leabhraichean-iùil, bileagan, duilleagan-lìn, postairean taisbeanaidh, soidhnichean agus leubailean, mapaichean, foillseachaidhean corporra, litreachas co-labhairt agus òraid agus ann an coinneamhan poblach. Bheir an suaicheantas agus a chleachdadh aire do phrionnsapal spèis cho-ionnan don Ghàidhlig agus don Bheurla.

5. Plana-gnìomha Gàidhlig aig GNA 2018-23

Chaidh structar a' phlana-ghnìomha seo a thogail timcheall air prìomh raointean-obrach GNA. Brannadh, Cruinneachadh, Luchd-amhairc, Daoine, Seasmhachd agus Com-pàirteachas. Tha ar rùintean gus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh agus a h-inbhe a thogail ann an coileanadh ar n-obrach air an òrdachadh fo na cinn-chuspairean sin, le clàr-ama airson libhrigeadh agus an roinn a tha cunntachail. Tha buntainneas ri libhrigeadh amasan a' phlana nàiseanta air an sealltainn sa cholbh mu dheireadh, air an ainmeachadh Cur air adhart, Cleachdadh agus Ionnsachadh.

Tha asterisk * ri taobh an àireamh iomraidh a' ciallachadh gnìomh ùr.

Reifrean s	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
Brannadh								
B1	Cruthaich dreach Gàidhlig den t-suaicheantas chorporra		X				Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
B2	Libhrig stiùireadh poileasaidh agus suaicheantais soilleir air cleachdadh dreach Gàidhlig den t-suaicheantas		X				Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
B3	Cur an gnìomh dreach Gàidhlig den t-suaicheantas a rèir a' phoileasaidh a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, agus stiùireadh suaicheantais		X	X	X	X	Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
B4	Cuir Gàidhlig air pannalan fàilte aig gach gailearaidh	X					Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
B5	Obair còmhla ri luchd-obrach neo-cheangailte gus a h-uile turas gailearaidh a thòiseachadh le fàilte sa Ghàidhlig	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh
B6	Cleachd sgàilean lèir-chlastinneach ann an ionadan-fàilteachaidh gus teachdaireachdan eile a thoirt seachad sa Ghàidhlig do luchd-tadhail		X				Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
B7	Cuir fiosan-naidheachd dà-chànanach a-	X	X	X	X	X	Meadhanan	Cur air adhart,

Reifrean s	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
	mach far a bheil an cuspair co-cheangailte ri Gàidhlig							Cleachdadh
B8*	Foillsich fiosan-naidheachd dà-chànanach air an làrach-lìn còmhla ri tionndaidhean Beurla	X	X	X	X	X	Meadhanan	Cur air adhart, Cleachdadh
B9	Thoir seachad eadar-mhìneachadh Gàidhlig aig coinneamhan poblach iomchaidh, mar eisimpleir. co-chomhairlean	X	X	X	X	X	Uile	Cur air adhart, Cleachdadh
Luchd-amhairc								
L-a1	Dèan mapa-làir Gàidhlig airson gach làraich rè seusan an t-samhraidh	X	X	X	X	X	Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
L-a2	Cùm oirnn a' toirt seachad fiosrachaidh do luchd-tadhail sa Ghàidhlig air an làrach-lìn againn	X	X	X	X	X	Margaidheachd	Cur air adhart, Cleachdadh
L-a3	Cùm oirnn a' cumail seachdain bhliadhnail de bhùthan-obrach airson sgoiltean Ghàidhlig	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh, Ionnsachadh
L-a4	Cùm oirnn a' cur susbaint Ghàidhlig do phrògraman ciùil oidhche Dhiardaoin	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh
L-a5	Eadar-theangachadh shlighean ùra sam bith don Ghàidhlig	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh
L-a6	Eadar-theangaich goireasan-teagaisg buntainneach don Ghàidhlig, a' tòiseachadh le <i>Monarch of the Glen</i>	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh Ionnsachadh
L-a7	Cuir tachartasan Gàidhlig don phrògram airson teaghlachan le clann òga, leithid na cuirm-chiùil Traditional Tunes	X	X	X	X	X	Foghlam	Cur air adhart, Cleachdadh
L-a8	Cuir a-steach ceistean mu sheirbheisean Gàidhlig agus beachdan mun Ghàidhlig ann an suirbhidhean luchd-tadhail	X	X	X	X	X	Rannsachadh Luchd-amhairc	Cur air adhart
L-a9*	Cuir a-steach slatan-tomhais buntainneach	X					Rannsachadh	Cur air adhart

Reifreans	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
	Gàidhlig ann an stiùireadh planadh cho-labhairtean							
L-a10	Rannsaich comas airson feartan rèidio Gàidhlig air taisbeanaidhean GNA	X					Meadhanan	Cur air adhart, Cleachdadh
Cruinneachadh								
C1	Stèidhich sgrùdadh 'buntainneas don Ghàidhlig' anns a' phròiseas thionail		X	X	X	X	Cruinneachadh	Cur air adhart
C2	Leasaich modh-obrach airson a bhith a' comharradh agus a' seòrsachadh stuthan a tha sna cruinneachaidhean mar-thà aig a bheil 'buntainneas don Ghàidhlig'		X				Cruinneachadh	Cur air adhart
C3	Cùm oirnn a' leasachadh eadar-mhìneachadh no eadar-theangachadh Gàidhlig airson obraichean air an comharradh le 'buntainneas don Ghàidhlig'	X	X	X	X	X	Cruinneachadh	Cur air adhart, Cleachdadh
C4*	Cuir a-steach slatan-tomhais a thaobh buntainneas don Ghàidhlig ann an stiùireadh airson planadh taisbeanaidh	X					Rannsachadh Luchd-amhairc	Cur air adhart
C5*	Stèidhich libhrigeadh gnìomh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig sa phròiseas luachadh taisbeanaidh	X					Rannsachadh Luchd-amhairc	Cur air adhart
C6	Cuir ceist air buntainneas ris a' Ghàidhlig don phròiseas thagraidh airson fhoillseachaidhean	X					Foillseachadh	Cur air adhart
C7	Airson taisbeanaidhean air chuairt (a' gabhail a-steach RUMANNAN LUCHD-EALAIN) le eileamaid Ghàidhlig no ann an sgìre le inbhe 'Iomairtean Gàidhlig', obair le gailearaidhean com-pàirteachais gus eadar-mhìneachadh no eadar-theangachadh Gàidhlig a libhrigeadh	X	X	X	X	X	Cruinneachadh	Cur air adhart, Cleachdadh

Reifreans	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
	air leubailean, gnìomhan, òraidean msaa.							
C8	Dèan iomradh air Plana Gàidhlig GNA agus rùintean Gàidhlig ann an aontaidhean iasaid			X			Cùram Chruinneachaidhean	Cur air adhart
C9	Leasaich prògram fheartan / subsaint Ghàidhlig air-loidhne	X	X	X	X	X	Cruinneachadh/Didseatach	Cur air adhart, Cleachdadh, Ionnsachadh
C10	Luchdaich suas eadar-mhìneachadh Gàidhlig a thaobh nithean anns a' chruinneachadh don làrach-lìn ùr	X	X	X	X	X	Didseatach	Cur air adhart, Cleachdadh
Daoine								
D1	Libhrig seiseanan aire mun Ghàidhlig do luchd-obrach às deidh an dàrna PG a chur air bhog	X					Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Ionnsachadh
D2	Thoir taic do cho-obraichean a tha airson ionnsachadh, cur air adhart cothroman, dealas agus goireasan maoinachaidh ionnsachaidh is leasachaidh	X	X	X	X	X	Sgiobachd	Cur air adhart, Cleachdadh Ionnsachadh
D3	Cuir ri sgilean cànan Gàidhlig mar shlatan-tomhais ion-mhiannaichte airson gach dreuchd Sheirbheisean Tèarainteachd is Luchd-tadhail, Reic, Meadhanan agus Foghlam	X	X	X	X	X	Sgiobachd	Cur air adhart
D4	Cuir earrann san fhoirm airson dearbhadh gnothaich a thaobh fastadh a mheasadh a bheil Gàidhlig riatanach san dreuchd	X					Sgiobachd	Cur air adhart
D5	Dèan aithris shoilleir mu ar dealas don Ghàidhlig ann an sgrìobhainnean-fastaidh	X					Sgiobachd	Cur air adhart
D6	Dèan suirbhìdh cànan luchd-obrach gus ìre sgilean Gàidhlig a thuigsinn agus a sgrùdadh	X		X		X	Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart

Reifrean s	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
D7	Dèan liosta agus cùm suas liosta de luchd-obrach deònach dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig	X	X	X	X	X	Dealbhadh agus Dèanadas/ Sgiobachd	Cur air adhart, Cleachdadh
D8*	Comharraich cothroman do luchd saor-thoileach le Gàidhlig gus cuideachadh le libhrigeadh a' PhG	X	X	X	X	X	Leasachadh	Cur air adhart, Cleachdadh
D9	Cuir ceistean air seirbheisean is seallaidhean Gàidhlig ann an suirbhidhean luchd-obrach	X		X		X	Sgiobachd	Cur air adhart
Seasmhachd (Poileasaidh agus Gèilleadh)								
S1*	Foillsich dreach Gàidhlig air-loidhne den phlana chorporra agus den sgrùdadh bhliadhnail	X	X	X	X	X	Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh
S2	Cuir Buntainneas / Builean / Gnìomhan Gàidhlig ri teamlaid poileasaidh agus liosta sgrùdaidh	X					Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart
S3*	Cuir 'buaidh Ghàidhlig' ri sgrìobhainnean tòiseachadh pròiseict gus am bi e air a mheas aig ìre dealbhaidh tràth	X					Obrachadh	Cur air adhart
S4	Dèan soilleir gum faodar gearanan a chur a-steach sa Ghàidhlig agus gun tèid gach oidhirp a dhèanamh gus freagairt taobh a-staigh an raon-ama ainmichte, gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd ri Beurla ann	X					Rannsachadh Luchd-amhairc/ Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh
S5	Stèidhich inbhean airson amannan freagairt ann an Gàidhlig, ag amas air co-ionannachd ri conaltradh sa Bheurla far an gabh sin dèanamh (a' gabhail a-steach clàran-ama reachdail agus riatanasan eadar-theangachaidh)	X					Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh

Reifrean s	Gnìomh	Clàr-ama libhrigidh					Roinn Cunntachail	Ceangal ris a' Phlana Nàiseanta
		18/19	19/20	20/21	21/22	22/23		
S6	Dèan soilleir air an làrach-lìn againn gum faod sinn gabhail ri litrichean sa Ghàidhlig agus freagraidh sinn a rèir nan ìrean gu h-àrd	X					Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh
S7	Lean air adhart le bhith a' cur bonn-teacsa Gàidhlig aig bonn gach post-d taobh a-muigh	X	X	X	X	X	TF	Cur air adhart, Cleachdadh
S8	Cùm oirnn a' cleachdadh fàilte sa Ghàidhlig aig a' char as lugha ann am post-d agus post nuair a bhios sinn a' sgrìobhadh gu buidhnean Gàidhlig	X	X	X	X	X	Uile	Cur air adhart, Cleachdadh
S9	Leasaich sreath de litrichean agus puist-d aithneachaidh sa Ghàidhlig	X					Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh
S10	Cuir cinn-teacsa dà-chànanach ris na foirmean as cumanta agus comharraich gum faodar an lìonadh sa Ghàidhlig		X				Uile	Cur air adhart, Cleachdadh
Com-pàirteachas								
C-p1	Dèan co-obrachadh gnìomhach leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig nuair a bhios sinn a' leasachadh phoileasaidhean is sheirbheisean buntainneach	X	X	X	X	X	Uile	Cur air adhart, Cleachdadh
C-p2	Cùm oirnn a' conaltradh agus ag obair le oifigearan Gàidhlig ann am buidhnean poblach air feadh na h-Alba	X	X	X	X	X	Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh
C-p3	Rannsaich dòighean air obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig / Oifigear Ealain is Cultar Gàidhlig Alba Chruthachail gus poileasaidh ealain Ghàidhlig adhartachadh	X	X	X	X	X	Dealbhadh agus Dèanadas	Cur air adhart, Cleachdadh

6. Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a thèid gnìomhachadh ar Plana Gàidhlig a thoirt air adhart, agus mar a thèid gnìomhachadh agus toraidhean a sgrùdadh.

Clàr-ama

Às dèidh ùine co-chomhairleachaidh phoblaich, feumaidh GNA an dàrna cuairt den Phlana Ghàidhlig aige a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 5 Màrt 2018.

Foillseachadh a' Phlana

Aon uair 's gum bi Bòrd na Gàidhlig air aontachadh, thèid an dàrna cuairt den Phlana Ghàidhlig againn fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làrach-lìn againn, agus bidh e ri fhaotainn ma thèid iarraidh.

Sgaoilidh sinn fios-naidheachd, ann am Beurla agus ann an Gàidhlig, gu na meadhanan iomchaidh. Cuiridh sinn cuideachd leth-bhreacan gu buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile le ùidh agus innsidh sinn don luchd-obrach againn tron eadralion againn.

Uallach airson Cur an Gnìomh

Is ann air an Àrd-stiùiriche, mar an t-oifigear cunntachail, a tha uallach airson dèanamh cinnteach gu bheil am plana seo air a libhrigeadh.

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur gu:

Kathryn Farrell
Manaidsear Poileasaidh agus Coileanaidh
Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
73 Rathad Bhelford
Dùn Èideann
EH4 3DS
Fòn: 0131 624 6473
Post-d: kfarrell@nationalgalleries.org

Goireasachadh a' Phlana

Thathar a' sùileachadh gum faod na rùintean a tha air am mìneachadh sa phlana seo a libhrigeadh taobh a-staigh bhuidseatan a th' ann mar-thà, stèidhichte air ro-aithris ionmhasail làithreach. Aig an àm seo, tha e coltach gur e seirbheisean eadar-theangachaidh a' chosgais as motha co-cheangailte ris a' phlana seo. Nì GNA cinnteach gum bi dòigh-obrach luach as fheàrr ann airson prìsean farpaiseach fhaighinn fhad 's a tha sinn a' cumail ri inbhe àrd. Is coltaiche gur e ùine luchd-obrach an dàrna cosgais as àirde, agus feuchaidh GNA a chleachdadh gu h-èifeachdach, ag amas air dèanamh cinnteach gun tèid na rùintean a tha air am mìneachadh sa Phlana seo a libhrigeadh.

Dearcnachadh

Cuiridh GNA aithisgean dearcnachaidh bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig a' sealltainn adhartas a rèir plana 2018-23. Gus taic a thoirt do seo, cruinnichidh sinn dàta air tairgse ghnìomhach agus cleachdadh ghoireasan is seirbheisean Gàidhlig, a thuilleadh air a bhith a' cleachdadh fiosrachaidh a fhuaras bho na sgrùdaidhean luchd-tadhail againn.